



A' cabadaich agus a' cluich le do leanabh

A' bruidhinn còmhla bho bhrù gu bèibidh

Tha do phàiste air a bhith ri conaltradh bhon latha breith aca agus cuidichidh e iad gus a bhith nas misneachaile agus nas seasmhaiche fhad 's a bhios iad a' fàs suas.

Molaidhean mu bhith a' cabadaich còmhla

- Èist, coimhead agus freagair ris na fuaimean agus na faireachdainnean aca.
- Cleachd guth fonnmhor — còrdaidh e riutha, agus cuidichidh e iad gus èisteachd riut.
- Ma bhios sibh aghaidh ri aghaidh, cuidichidh a bhith aig an aon ìre iad gus faireachdainn gu bheil iad gam faicinn agus gu bheil iad sàbhailte.
- Dèan atharrais air na fuaimean agus gluasadan aca – tha e a' sealltainn gu bheil thu ag èisteachd agus tha e a' togail earbsa.

Gheibhear barrachd taic agus mholaidhean aig parentclub.scot/chatting-with-baby



Chan feum cluich a bhith foirfe.

Tha e àbhaisteach a bhith a' mì-chinnteach ciamar as fheàrr a chluicheas tu le do leanabh, gu h-àraidh do chiad leanabh. Ach seo an deagh naidheachd:

Chan fheum e tighinn thugaibh gu "nàdarra" no sgilean sònraichte a bhith agaibh. Chan eil do pàiste ag iarraidh ach do chuid ùine, do chonaltradh, d' aodann - agus do ghaol.

Carson a tha cluich cudromach:

- **Bidh e a' togail eanchainn do bhèibidh.** Bidh gach gàire, òran no cudail a' neartachadh cheanglaichean na h-eanchainn.
- **Cuidichidh e do bhèibidh a bhith a' faireachdainn gu bheil gaol orra agus gu bheil iad sàbhailte.** Seo bunait airson a bhith ag ionnsachadh agus a' fàs.
- **A' cumail taic ri còmhradh, gluasad, smaoinichadh.** Bidh fiù 's geamannan beaga a' cuideachadh le bhith a' togail cànan agus co-òrdanachadh.
- **Tha e gur toirt còmhla.** 'S e cluich an dòigh san ionnsaich pàistean earbsa a chur annad agus san dèan iad ceangal riut.

Beachdan sìmplidh airson cluich



| Gnìomh Furasta | Dè nì e |
|-------------------------------|--|
| Dèan atharrais air do leanabh | Ma nì iad fuaim no gluasad, dèan atharrais air seo. Còrdaidh e riutha glan! |
| Seinn òran beag | Fiù 's ma tha thu den bheachd nach urrainn dhut seinn - is fìor thoil le do leanabh do ghuth. |
| Gìog ort | Dòigh spòrsail gus do phàiste a chuideachadh gus an saoghal a thuigsinn (agus tha e gòrach is spòrsail cuideachd). |
| Suathadh socair | Diogail an òrdagan, sliob am falt – cuidichidh sin gus ceangal a thogail agus le cofhurtachd a thoirt. |

Dè nì mi ma tha mi a' faireachdainn gòrach?

Tha sin ceart gu leòr. Bidh tòrr phàrantan a' faireachdainn gòrach. Ach chuimhnich:

- **Chan eil do leanabh a' toirt breith ort.** Tha iad a' smaoinichadh gu bheil thu mìorbhaileach, agus is tu a tha.
- **'S urrainn dhut tòiseachadh le rudan beaga.** Nì fiù 's mionaid de chluich dìofar.
- **Fàsaidh do mhiseachd.** Mar a h-uile rud ùr, bidh e a' fàs nas fhasa le tìde.

Deagh mholaidhean do phàrantan

- **Lean na nì do phàiste.** Ma nì iad gàire, ma sheallas iad ort,, no ma shìneas iad an làmh a-mach, seo iad "a' cluich".
- **Cleachd gnìomhan làitheil.** Faodaidh cluich aig àm amar, fhad 's a thathar a' cur badan ùr orra no air cuairtean a bhith spòrsail.
- **Cha leig thu leas a bhith fìor èibhinn.** Tha e math gu leòr dìreach a bhith ann.
- **Iarr air cuideigin sealltainn dhut.** Tha e ceart gu leòr faighneachd den neach-tadhail slàinte agaibh, no de charaid no buidheann.
- **Bi còir riut fhèin.** Chan eil dòigh "cheart" ann, dìreach amannan beaga, gaolach còmhla.
- **Bith moiteil nuair a bheir thu air do phàiste gàireachdainn** no nuair a dh'ionnsaicheas iad rudeigin ùr bhuat.

Airson molaidhean mu bhith a' cleachdadh nan nithean sa Bhogsa Bèibhidh agad gus cluich, tadhail air parentclub.scot/baby-box-items

